

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Dreuchdan ùra a' cur ri obair rannsachaidh ann an coimhairsnachdan Gàidhlig

Cuirear gu mòr ri obair rannsachaidh ann an coimhairsnachdan Gàidhlig le dà dhreuchd ùr gan stèidheachadh fon iomairt ùir shònraichte, *Soillse*.

Tha Sabhal Mòr Ostaig OGE a' sireadh dithis luchd-obrach ùr, Proifeasair Rannsachaidh agus Àrd-mhanaidsear Pròiseact, a bhios a' stiùireadh na h-iomairt agus a' rannsachadh chuspairean fior chudromach don Ghàidhlig, nam measg cleachdadhean a' chàin san dachaigh agus sa choimhairsnachd, poileasaidh is cleachdaidhean ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus a' bhuaidh a th' aig poileasaidhean bhuidhnean poblach air a' Ghàidhlig.

'S e seo a' chiad iomairt den leithid airson na Gàidhlig a bhios a' tarraing rannsachadh Gàidhlig ri chèile aig ère nàiseanta agus a bhios a' toirt chothroman ùra do dhaoine an cànan is a chultar a rannsachadh. A bharrachd air an dà dhreuchd aig Sabhal Mòr Ostaig OGE, bidh còig dreuchd eile agus taic airson naoinear oilleanach PhD sgaoilte air feadh nan ionadan eile a tha a' gabhail pàirt san iomairt, Colaisde a' Chaisteil OGE agus Oilthighnean Obar Dheathain, Dhùn Èideann agus Ghlaschu.

Thuirt Proifeasair Boyd Robasdan, Prionnsabal Sabhal Mòr Ostaig OGE: "S e com-pàirteachais ùr adhartach a th' ann an *Soillse* às an tig barrachd co-obrachaidh agus a bhios a' togail air rannsachadh bho bhuidhnean rannsachaidh eile agus bho dhùthchannan eadar-nàiseanta. Chaidh an t-airgead a bu mhotha a chaidh riagh a thoirt do rannsachadh na Gàidhlig bho na h-oilthighnean a chur ris an iomairt, is an còrr a' tighinn bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



'S ann fo stiùir an neach chliùitich acadaimigich, Proifeasair Richard Johnstone, a dh'fhoillsich an aithisg chudromach, *'The Attainment of Pupils Receiving Gaelic-medium Primary Education in Scotland'*, ann an 1999, a bhios an iomairt sa chiad dol a-mach.

Thuirt Proifeasair Johnstone: “S e priomh amas na h-iomairt fiosrachadh a sgaoileadh air dè tha fainear dhuinn, ciamar a bhios sinn ag obair, dè na buannachdan a thig às an iomairt agus cò ris am bi sinn a' bruidhinn. Bidh sinn ag obair gu dlùth, chan ann dìreach le na h-oilthighnean a tha a' gabhail pàirt agus na buidhnean maoineachaidh, ach cuideachd le eòlaichean eadar-nàiseanta agus seachd gu h-àraidh le na buidhnean agus na coimhearsnachdan Gàidhlig.”

Crioch

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Anna Deplano air 01471 888 200 neo
sm00ar@uhi.ac.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Key appointments to extend research within Gaelic communities

Recruitment of key staff for the major Gaelic research initiative, *Soillse*, has begun.

Sabhal Mòr Ostaig UHI is seeking to appoint a Research Professor and a Senior Project Manager to co-ordinate and support research on key issues including the use of Gaelic as a family and community language, policy and practice in Gaelic-medium education and the role of public policies in supporting Gaelic.

The initiative, the first of its kind for Gaelic, will establish a national network for Gaelic research and create new opportunities for study and research into the language and culture. In addition to the two posts at Sabhal Mòr Ostaig UHI, 5 research fellows and nine PhD studentships will be established across the partner institutions, which include Lewis Castle College UHI and the Universities of Aberdeen, Edinburgh and Glasgow.

Professor Boyd Robertson, Principal of Sabhal Mòr Ostaig UHI, said: “The *Soillse* initiative is a unique partnership which will extend research collaboration in Gaelic studies and draw on experience gained in other research pools and internationally. It represents the largest ever investment in Gaelic-related research and is highly significant in that the contribution of the universities is matched by that of the Scottish Funding Council, Bòrd na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise.”

The *Soillse* programme will be led initially by eminent academic Professor Richard Johnstone who produced the influential report '*The Attainments of Pupils Receiving Gaelic-medium Primary Education in Scotland*', published in 1999.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Professor Johnstone said: “A major aim in the initial period will be to disseminate information on what *Soillse* is, how it will function, what it will aim to achieve and who might participate in it. There will be strong collaboration not only across the participating institutions and with the funding bodies, but also with distinguished international experts and above all with the Gaelic institutions, bodies, groups and communities of Scotland.”

Ends

For further information contact Anna Deplano on 01471 888 200 or email
sm00ar@uhi.ac.uk